

Sgeama Measaidh a' Chomuinn Ghàidhealaich

There are 4 Levels for the Silver Card and 4 sample conversations for each level, giving a total of 16 sample conversations. The sample conversations are **only examples** to illustrate how the key structures **could** be used in conversation. During the testing, it is not expected that these conversations are followed verbatim.

You will not be asked to do all the conversations. The assessor will judge how many conversations are necessary to assess your level. The actual conversations should be as natural as possible while incorporating the key structures. For more detailed information on testing procedures, please see *Learners' Guide* for An Comunn Gàidhealach assessment scheme.

To attain the Silver Card, the learner must succeed at all 4 levels and attain 60% in the use of the key structures. These are underlined in the conversations. At least 60%, i.e. 12 out of 20, should be attained for each conversation tested at each level before moving on to the next level.

At this level, in order to cover the key structures appropriately, the conversation is likely 1) to take the form of a short role play where you take the part of a character or 2) you might be given a topic to discuss, for example, holidays, pastimes, likes and dislikes. The role play will be explained to you carefully before the actual assessment starts. During the role play, the assessor will make sure the key structures are included.

Please note that, although the –ibh forms are sometimes used in the following, the use of thu / sibh, leat / leibh etc is entirely up to the participants and they will be guided by what they feel comfortable with.

Ìre 7 / Level 7,

Còmhradh 1 / Conversation 1

Neach-measaidh (NM)

Neach-ionnsachaidh (NI)

NM: Hallò, ciamar a tha sibh?

NI: Chan eil dona idir, agus sibh fhèin?

NM: Glè mhath, tapadh leat. Anns a' chòmhradh seo aig Ìre 7 bidh sinn ag ullachadh airson pàrtaidh. 'S e riochd-chluich a bhios ann. 'S e oileanaich a th' annainn ann am flat ann an Glaschu agus tha sinn a' cur pàrtaidh air dòigh. A bheil thu gam thuigsinn?

NI: Tha, tha mi smaoineachadh. Càit am bi am pàrtaidh?

NM: O, bidh e anns am flat againn. Glè mhath, faodaidh sinn tòiseachadh ma tha.

NI: Faodaidh.

(anns am flat)

NM: An tug thu cuireadh do dhuine sam bith fhathast?

NI: Cha tug, an tug thu fhèin?

NM: Thug, thug mi cuireadh do chòignear 's bheir iadsan cuireadh do dhaoine eile.
An tèid agad air cuireadh a thoirt do Mhàiri agus Iain?

NI: Thèid, bheir mi cuireadh dhaibh a-màireach.

NM: An tèid agad air deich notaichean a thoirt dhomh?

- NI: Cha tèid. Tha mi duilich, chan eil sgillinn ruadh agam. Carson a tha thu ag iarraidh airgead?
 NM: Airson fion agus sgonaichean a cheannach. NI: Dh'fhaodadh tu fhèin sgonaichean a dhèanamh.
 NI: Carson nach bi thu sàmhach!
 NM: Och, gheibh mi airgead anns a' bhanca, às an toll anns a' bhalla. Carson nach tig thu còmhla rium?
 NI: Glè mhath, ma-thà, thig.

(Tha iad sa bhùth. Tha iad a' ceannach fion.)

- NM: Seo am fear as fheàrr.
 NI: 'S e, sin am fion as mìlse cuideachd.
 NM: Sin am botal as motha, gun teagamh.
 NI: 'S e. Dh'fhaodadh sinn am fear sinn fhaighinn ma-thà.
 NM: Mar as motha 's ann as fheàrr. Dè phris a tha e?
 NI: Còig nòtaichean 's leth-cheud sgillinn.
 NM: Tha sin ceart gu leòr, nach eil?
 NI: Tha, saoilidh mi.
 NM: Dè eile tha sinn ag iarraidh? Sgonaichean, tha sgonaichean a dhith oirnn. *(a' toirt am botal fion dha / dhi)* Cùm seo mionaid. *(a' faighinn sgonaichean)* Tha iad bog agus beagan tana.
 NI: Mar as buige agus mar as taine 's ann as fheàrr.
 NM: A bheil thu smaoineachadh? A bheil iad nas fheàrr mar as buige a tha iad?
 NI: O thà, tha iad ùr ma tha iad bog.

Ìre 7 / Level 7,

Còmhradh 2 / Conversation 2

Neach-measaidh (NM)

Neach-ionnsachaidh (NI)

- NM: Hallò, dè do chor.
 NI: Cor math. Tapadh leat.
 NM: Airson Còmhradh a dhà, Ìre 7 tha sinn a' dol a dhèanamh riochd-chluich eile.
 NI: Glè mhath, dè th' ann an turas seo?
 NM: 'S e càraid no caraidean a th' annainn agus tha sinn air gluasad gu taigh ùr agus tha sinn ag iarraidh a pheantadh agus a phàipreachadh. A bheil thu gam thuigsinn?
 NI: Tha, tha mi gad thuigsinn gu math.
 NM: Glè mhath, tòisichidh sinn.

(mas fhìor a' coimhead mun cuairt)

- NM: Feumaidh sinn an taigh a pheantadh a chionn 's gu bheil e grànda
 NI: Feumaidh, cò tha a' dol ga pheantadh?
 NM: Dh'fhaodainn-sa an rùm-suidhe a pheantadh. Dè nì thusa?
 NI: Dh'fhaodainn-sa am pàipreachadh a dhèanamh.
 NM: Tha sin math. Dè do bheachd? Dè cho fad 's a tha an rùm seo?
 NI: *(tha teip airson tomhas aige / aice)* O, tha e fichead troigh a dh'fhaid.
 NM: Tha sin gu math mòr. Agus dè an leud a th' ann?
 NI: Tha na ballachan ochd troighean deug a leud.

- NM: 'S e rùm mòr a th' ann. Saoil am b' urrainn dhut an uinneag a thomhas? Dè an àirde a th' innte?
- NI: (ga tomhas) Tha an uinneag seo ceithir troighean a dh'àirde. Agus tha i trì troighean 's dà òirleach a leud.
- NM: A bheil Siùsaidh a' dol gar cuideachadh? An tèid aice air am pàipeareachadh a dhèanamh?
- NI: Thèid, thèid aice air sin a dhèanamh.
- NM: Bidh sinn sgèth às dèidh seo. Am b' fhiach dhuinn falbh airson latha no dhà?
- NI: B' fhiach dhuinn smaoineachadh mu dheidhinn.
- NM: Dh'fhaodamaid a dhol a dh'Inbhir Nis airson oidhche.
- NI: Dh'fhaodamaid golf a chluich.
- NM: Dh'fhaodadh. Bhiodh sin math. Tha raon-goilf math ann an Inbhir Nis.
- NI: Dh'iarrainn a bhith ann airson dà oidhche. Bhiodh sin nas fheàrr.
- NM: Tha thu ceart, cha b' fhiach dhuinn a dhol ann dìreach airson oidhche.
- NI: Cha b' fhiach. Bidh e nas fheàrr airson dà oidhche.

Ìre 7 / Level 7,

Còmhradh 3 / Conversation 3

Neach-measaidh (NM)

Neach-ionnsachaidh (NI)

- NM: Madainn mhath / feasgar math ciamar a thu?
- NI: Tha gu math, tapadh leat, agus thu fhèin?
- NM: Chan eil dona, tapadh leat. 'S e còmhradh a trì, Ire 7 a tha seo.
- NI: 'S e.
- NM: Cha bhi sinn a' dèanamh riochd-chluich an turas seo. A bheil thu toilichte?
- NI: Tha gu dearbh! Dè bhios sinn a' dèanamh?
- NM: Bidh sinn a' bruidhinn mu dheidhinn rudan a bhiodh math no dona no rudan a dh'fhaodadh Tu a bhith dèanamh agus cuideachd mu càit a bheil rudan, mar eisimpleir 'air cùlaibh', 'air beulaibh', 'os cionn' agus mar sin air adhart. A bheil thu a' tuigsinn dè tha mi a' ciallachadh?
- NI: Tha mi smaoineachadh gu bheil ...
- NM: Bidh e furasta gu leòr nuair a thòisicheas sinn, tha mi cinnteach.
- NI: Bidh, tha mi cinnteach
- NM: Glè mhath, faodaidh sinn tòiseachadh. An toiseach, a' bruidhinn mu dheidhinn càraichean, am biodh càr mòr, can mar Shogun, na b' fheàrr na càr beag, can mar Fiat.
- NI: Bhiodh càr beag na b' fheàrr, tha mi smaoineachadh.
- NM: Cha bhiodh e cho trom air peatrail.
- NI: Tha sin ceart, cha bhitheadh.
- NM: Cuspair eile a-nis, dè bhiodh tu a' dèanamh nam biodh tu aig an taigh an-dràsta?
- NI: O, bhithinn ag èisteachd ri ceòl no ag ithe biadh 's dòcha. Dè bhiodh tu fhèin a' dèanamh?
- NM: Am bithinn ag obair? Cha bhiodh, cha bhithinn ach a' leughadh.
- NI: Cha bhithinn a' leughadh idir aig an uair seo, bidh mi a' leughadh mus caidil mi.
- NM: Math dha-rìribh.
- NM: Ach a' dol gu cuspair eile, nam biomaid ann an còisir, am biomaid a' seinn?
- NI: Bhitheadh, O, bhitheadh, bhiomaid a' seinn còmhla.
- NM: Tha sin cho ceart 's a ghabhas. Tha thu a' dèanamh math dha-rìribh. Am biodh tu fhèin a' seinn nuair a bha thu òg?
- NI: Bhiodh, bhiodh mòran dhaoine a' seinn anns a' bhaile againn.
- NM: Bhithinn fhìn a' seinn còmhla ri mo mhàthair. Cò am baile às a bheil thu?

NI: Tha mi à Port Rìgh.
 NM: À Port Rìgh! Àite brèagha.
 NI: 'S e, tha e gu math snog.
 NM: Càit a bheil Eaglais na h-Alba ann am Port Rìgh?
 NI: Tha anns an sguèar mu choinneamh an Stèisean Poilis.
 NM: A bheil sin ri taobh Sràid Wentworth?
 NI: Tha thu glè cheart, tha i dìreach ri taobh Sràid Wentworth.
 NM: 'S tha pàirce chàraichean faisg air sin, nach eil?
 NI: Tha gu dearbh, air beulaibh Banca na h-Alba. Tha banca eile ann cuideachd, ri taobh Banca na h-Alba, sin Banca Srath Chluaidh.
 NM: Nach eil am BBC an sin cuideachd?
 NI: Tha thu ceart, tha an oifis aca os cionn Banca Srath Chluaidh.
 NM: Bha dùil agam gur ann air cùlaibh a' Bhanca a bha oifis a' BhBC.
 NI: Chan ann, 's ann os cionn a' Bhanca a tha i ged a tha an doras a-steach air cùlaibh a' Bhanca.
 NM: Agus an ann air cùlaibh no air beulaibh na h-Eaglais a tha bùth a' bhèiceir?
 NI: Chan ann, chan ann, 's ann a tha bùth a' bhèiceir eadar an dà bhanca.
 NM: Bha mi an dòchas gum biodh tu eòlach air Port Rìgh!
 NI: Bha mi an dòchas gum bithinn gad thuigsinn!
 NM: Rinn thu glè mhath gu dearbh.

Ìre 7 / Level 7,

Còmhradh 4 / Conversation 4

Neach-measaidh (NM)

Neach-ionnsachaidh (NI)

NM: Ciamar a tha sibh?
 NI: Tha gu math, tapadh leibh.
 NM: Tha sinn a-nise aig Còmhradh 4, Ìre 7, an còmhradh mu dheireadh airson na Cairt Airgid. Tha thu air dèanamh gu math gu ruige seo. A bheil thu toilichte le sin?
 NI: O, tha, gu dearbh!
 NM: Anns a' chòmhradh seo 's e riochd-chluich a bhios ann ach bidh sinn a' cleachdadh fhaclan mar 'gum biodh' agus 'nach biodh' agus 'mura biodh', 'nam bithinn' agus mar sin air adhart. Mar eisimpleir, 'Bha mi an dòchas nach biodh tu tuilleadh is sgìth' agus 'Nam biodh an t-acras ort, dh'fhaodamaid stad airson biadh an àiteigin.' A bheil thu gam thuigsinn?
 NI: Tha, tha mi a' smaoinichadh.
 NM: Glè mhath. 'S e cupall / no càraid a th' annainn agus tha sinn air saor-làithean agus tha sinn nar suidhe air being – no bench – mu choinneamh nam mara. Tha tìde gu leòr againn agus tha sinn a' bruidhinn air dè a rinn sinn no dè a dh'fhaodamaid a dhèanamh. Ach an uair sin tha sinn a' tòiseachadh ag argamaid! A bheil thu toilichte le sin?
 NI: Tha
 NM: Glè mhath ma-thà, faodaidh sinn tòiseachadh.

(Tha iad nan suidhe air being a' coimhead a-mach air a mhuir.)

NM: Tha mi a' smaoinichadh gum biodh e na b' fheàrr air being eile? Tha e uabhasach trang an seo.
 NI: Tha mi smaoinichadh gum biodh.
 NM: Bha mi cinnteach gum biodh an t-àite seo gu math sàmhach.

NI: Bha agus mise, bha mi cinnteach nach biodh sluagh cho mòr ann.

(Tha iad a' gluasad gu being eile.)

NM: Tha sin nas fheàrr. Ach bha dùil agam gum biodh e nas blàithe.

NI: Chan eil e dona, ach mura h-eil thu ag iarraidh suidhe, faodaidh sinn coiseachd.

NM: Tha e ceart gu leòr. Ged nach eil e teth, tha e blàth gu leòr. A bheil an t-acras ort?

NI: Chan eil.

NM: Nam biodh an t-acras ort, dh'fhaodamaid a dhol airson biadh.

NI: Nam biodh an t-acras orm, bhithinn air biadh a thoirt leam.

NM: *(a' coimhead air uaireadair)* Nam bithinn aig an taigh, bhithinn a' coimhead air telebhisean an-dràsta.

NI: Tha mi cinnteach gum biodh.

NM: Bha dùil agam nach biodh am biadh cho daor an seo.

NI: Bha agus agamsa, tha e gu math daor.

NM: Nam biodh tu ag iarraidh, dh'fhaodamaid iasg agus sliseagan buntàta fhaighinn a-nochd.

NI: Dh'fhaodadh, nam biodh tu ag iarraidh. Mura biodh tusa air brògan a cheannach, bhiodh airgead gu leòr againn!

NM: Bha mi feumach air brògan ùra! Nam biomaid air airgead a shàbhaladh, bhiodh airgead gu leòr againn.

(Tha iad sàmhach airson greis.)

NM: Nam bithinn ag iarraidh a dhol dhan chonsairt anns an talla, càit am faighinn ticeadan?

NI: Anns an oifis aig an talla, tha mi smaoinichadh.

NM: Nach tèid sinn dhan chonsairt a-nochd?

NI: Ma thogras tu.

NM: Math dha-rìribh, gheibh mi ticeadan an-dràsta. Mura faigh mi iad an-dràsta, bidh iad uile air falbh.

NI: Tha thu ceart. Nach tèid sinn gan iarraidh ma-thà.

NM: Gheibh cuideigin eile a' bheing againn.

NI: Tha mi coma.

NM: Tha agus mise. Bha mi an dòchas nach canadh tu nach biodh tu ag iarraidh a dhol ann.

NI: Bha mi an dòchas gum bithinn a' dol dhan chonsairt.

NM: Bu chòir gum biodh e math.